

# NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE AND WORK

AIREAMH 10 | 2017 | AN DAMHAIR



## Facal Toisich

Nuair a sgrìobh mi seo bha daoine a' cuimhneachadh gu bheil dìreach fichead bliadhna bho chaill a' Bhana-phrionnsa Diana a beatha ann an tubaist rathaid an Fhraing. Bidh cuimhne aig daoine càit an robh iad nuair a fhuair iad naidheachd a bàis. Bha am Fear-deasachaidh air turas gu eilean Ghiogha nuair a chuala e an naidheachd dhuilich sin.

Am bliadhna 's e na tuiltean millteach a bha anns na Stàitean Aonaichte agus ann an dùthchannan eile a bha air aire an t-saoghail. Chaill na mìltean an dachaigh agus rinneadh milleadh air iomadh rathad agus togalach. Bidh bliadhnachan mòra ann mun tèid togalaichean agus rathaidean a chàradh. Ged a chaill daoine am beatha anns na tuiltean bha e iongantach nach robh mòran a bharrachd millidh ann.

Chunnaic sinn iomadh obair thròcaireach nuair a bha beatha dhaoine ann an cunnart ann an Amaireaga. Tha sinne fortanach anns an dùthaich seo nach eil tuiltean a' dèanamh sgrios mar a tha a' tachairt cho tric ann an ceàrnaidhean eile. Chan eil sinn a' cur luach air an aimsir a tha againn ann an Alba. Mar as trice bidh sinn a' gearan air droch shìde ma tha aimsir ann mar a bha againn am bliadhna.

Air an t-samhradh seo agus anns an fhoghar bha sluagh na Roinn Eòrpa a' cumail cuimhne air na blàir mhillteach a thachair anns an Fhraing anns an robh iomadh saighdear Gàidhealach an sàs. Dh'fhàg an cogadh sin làrach air iomadh ceàrn de dh'Alba.

Seo am Facal Toisich mu dheireadh a bhios mi a' sgrìobhadh mar Fhear-deasachaidh. Bu toigh leam a-rithist taing mhòr a thoirt do gach neach a thug cuideachadh dhomh bho ghabh mi an dreuchd seo os làimh.

**Gach beannachd dhuibh uile,  
Ruairidh MacLeòid,**



Tha dlùth-cheangal aig eaglais Mhànais ri bàrd spioradail cho ainmeil agus a tha againn am measg nan Gàidheal. Rinn Iain Moireasdan, (Gobha na Hearadh), obair mhòr ann a bhith a' togail airgid airson an eaglais a chur suas. Thog Tormod MacLeòid an dealbh seo nuair a bha e air chuairt ann an ceann a deas na Hearadh.

## Cùil nan Ceist

'S ann air creideamh a tha na ceistean a tha sinn a' cur oirbh an turas seo. 'S docha gun cuir e iongnadh oirrn nach eil am facal "creideamh" air a chleachdadh ach aon turas anns an t-Seann Tiomnadh, ged a tha faclan eile ann leis an aon chiall. Gheibh sibh freagairt nan ceist air an duilleig-chùil.

1. Cò a bha 'na dhuine làn creidimh? (Gnìomharan, caibideil 6.)
2. Lìon a' bheàrn – "Creideamh mar ghràinne -----" (Mata, caibideil 17.)
3. Dè a' cheud toradh aig an Spioraid? (Galatianaich, caibideil 5.)
4. Cò a bheannaich Iacòb tre chreideamh? (Eabhraidhich, caibideil 11.)

# Searmon Beag

Na dìochuimhnich a thiodhlacan uile. (Salm 103:3)

Tha mi a' creidsinn gum bi sinn uile a' gearan nach eil ar cuimhne cho geur agus a bha i uaireigin. Bidh farmad againn ri daoine aig a bheil deagh chuimhne air ainmeannan agus deagh ghreim air fiosrachadh eile. Tha e cho furasda ainmeannan a dhìochuimheachadh. Bhiodh e air a ràdh mun Cheann-suidhe Iain F. Ceanadach ann an Amaireaga nan coinnicheadh e ri duine aon turas gun cumadh e cuimhne air ainm an duine sin bliadhnachan an dèidh sin.

Chan eil a h-uile duine aig a bheil an tàlant sin. Uaireannan thèid sinn suas an staidhre agus mun ruig sinn am mullach cha bhi cuimhne againn carson a tha sinn ann agus dè a bha sinn a' lorg. Saoil an robh cuimhne mhath aig na deisciobail?

Bha e a cheart cho furasda dhaibh-san rudan cudthromach a dhìochuimheachadh agus a tha e dhuinne. Bha losa air innse dhaibh gum biodh E air a chur gu bàs agus gun èireadh E a-rithist. Ach nuair a thachair na rudan sin, bha iad mar gum biodh iad air na faclan aige dhìochuimheachadh. Ach tha sinn a' leughadh ri tìde gun do chuimhnich na deisciobail na briathran losa a labhair E mun chrann-cheusaidh agus mun aiseirigh. Chuimhnich iad agus chreid iad. Tachraidh rud-eigin a bheir air ais gu ar cuimhne rudan a chaidh air dìochuimhne.

Tha feum againn air rudan a dh'ùraicheas ar cuimhne air rudan cudthromach. Tha feum againn air latha airson a bhith a' cumail air chuimhne na dh'fhuillean daoine as ar leth aig àm cogaidh. Tha e cho furasda a bhith a' dìochuimheachadh gu bheil sinn fo fhiachan do na ginealaichean a chaidh romhainn. Tha seirbheisean Comanachaidh againn airson a bhith a' cur nar cuimhne na rinn Dia air ar son ann an losa Crìosd, Uan Dhè, a tha a' toirt air falbh peacadh an t-saoghail.

Chan eil fios againn an robh cuimhne mhath aig an t-salmadair. Ach cha robh e airson gun leigeadh e air dìochuimhne na nithean mòra a rinn Dia air a shon. Thubhairt e, *Na dìochuimhnich a thiodhlacan uile.*

'S iomadh beannachd a fhuair e o Dhia 'na bheatha. Aig toiseach a latha cha robh ann ach buachaille a-muigh anns na h-achaidhean. Ach chaidh àrdachadh le Dia gu bhith 'na rìgh.

Bha Daibhidh ag ràdh, *Beannaich an Tighearna, O m'anam, agus na dìochuimhnich a thiodhlacan eile.* Bha iomadh tiodhlac ann air an robh an salmadair mothachail. Bha e a' toirt taing do Dhia airson

a bheannachdan aimsireil. Bidh sinne ag ùrnaigh ann an Urnaigh an Tighearna gach Sàbaid, *Tabhair dhuinn an-diugh ar n-aran làitheil.* Nuair a ghabhas sinn beachd air na tha de bhochdainn anns an t-saoghal tha adhbhar againne cuideachd air a bhith a' moladh Dhè airson beannachdan a Fhreasdail.

Bha Daibhidh beò ann an linn anns an robh cogaidhean agus aimhreit. Bha e a' cur luach air sìth anns gach cruth anns an robh e a' tighinn. Tha sinne beò ann an linn anns a bheil coimhstrith air feadh an t-saoghail. Tha sinn a' cur luach air an t-sìth a tha againn nar rìoghachd agus gu h-àraidh an t-sàmhchair agus an fhois a tha againn a-muigh air an dùthaich. Ann an Crìosd tha sìth againn ri Dia.

Os cionn gach beannachd eile bha an salmadair taingeil airson mathanas pheacaidhean. 'S e *mhaitheas dhut gu gràs-mhor caoin gach peacadh annad fèin.* Air a' cheann mu dheireadh, 's e Dia a tha comasach air peacaidhean a dhubhadh as. 'S e Crìosd a-mhàin aig a bheil an t-ùghdaras a bhith ag ràdh, *Tha do pheacaidhean air am maitheadh dhut: imich ann an sìth.*

'S e na faclan a bhiodh aig Pòl an còmhnaidh, *Buidheachas do Dhia.* Cha robh e airson gun dìochuimhnich e gin de na beannachdan tìmeil agus spioradail a tha Dia 'na thròcair a' buileachadh oirnn a h-uile latha de ar beatha, air a h-uile ceum den t-slighe. Nach lean sinne 'na chas-cheuman.

## Bioball Eachraidheil

Bha an t-Urr. Dòmhnall Caskie, a bhuineadh do dh'Ìle, 'na mhinistear anns an Eaglais Albannaich ann am Paris nuair a chaidh na Gearmailtich a-steach don bhaile ann an 1940. Gu deireadh a' Chogaidh rinn e cobhair air na ceudan de shaighdearan Breatannach. Aig aon àm thug an Gestapo a-mach binn-beatha 'na aghaidh. Bhiodh e air a chur gu bàs mur b'e gun do rinn ministear Gearmailteach tagradh às a leth.

Tha taisbeanadh mar chuimhneachan air an Oll. Caskie anns an t-seann eaglais aige ann am Paris. Dh'fhàg e a Bhioball Gàidhlig mar dhìleab aig a bhràthair, Niall, agus a-nis tha an teaghlach air an leth-bhreac sin de na Sgrìobtaran a thoirt seachad don eaglais. Thubhairt am ministear a tha air ceann coitheanal na h-Eaglais Albannaich ann am Paris an-diugh, an t-Urr. Jan Steyn, gu robh e moiteil am Bioball a bhith aca anns an taisbeanadh mar chuimhneachan air Gàidheal a bha cho gaisgeil.

Tha na h-euchdan aig Dòmhnall Caskie aig àm a' Chogaidh air an innse anns an leabhar *The Tartan Pimpernel.*

## Leabhraichean

Bho thòisich mi a' deasachadh nan Duilleagan Gàidhlig tha mi air sgrùdadh a dhèanamh air iomadh leabhar. Ach tha an leabhar ùr seo air fear cho math agus a chòrd ris bho thòisich e air an obair.

Bha an t-Urr. Calum Laing air sgrìobhadair air leth ealanta ann am Beurla agus ann an Gàidhlig. Bha e cuideachd 'na bhàrd agus 'na shearmonaiche comasach. Nach math gu bheil a mhac, Calum, air leabhar cho tlachdmhor a thoirt dhuinn ann an rosg agus ann am bàrdachd mar chuimhneachan air 'athair.

Tha sinn fada an comain an luchd-foillseachaidh airson leabhar cho luachmhor a thoirt thugainn.

Rugadh Calum Laing ann am Cnoc an Torrain ann an Uibhist a

Tha Cuimhn' Agam...

Gaelic and English Writings

Malcolm Laing

1888-1968

Air a dheasachadh le Calum Laing

(Air fhoillseachadh le Grace Note Publications. £12.99.)

Tuath ann an 1888. Ann an 1917 ghabh e ri gairm gu Eaglais na h-Alba air a' Chomraich. Ann an 1926 ghluais e gu Uibhist a Deas. Ann an 1947 ghluais e gu Alanais ann an siorrachd Rois. Chaochail e ann an 1968 an dèidh a bhith leth-cheud bliadhna anns a' mhinistrealachd.

Nochd cuid de ma sgrìobhaidhean anns an leabhar seo an toiseach anna Na Duilleagan aig Life and Work Tha aithisgean ann am Beurla agus ann an Gàidhlig anns a' cho-chruinneachadh seo.

Sgrìobh Mgr. Laing sgeulachdan tarraingeach a chaidh a chraobh-sgaoileadh air an radio. Tha na sgeulachdan sin againn cuideachd anns an leabhar ionmholta seo.



# Seann Bhioball Eile

Tha Bioball a tha ceud gu leth bliadhna de dh'aois agus a chaidh à Alba tarsaing a' chuain a-nis air tilleadh dhachaigh. Bha am Bioball aig Marshall Whitehead ann an Amaireaga. Rinn Anna Fhriseal aig Comhairle na Gàidhealtachd rannsachadh mòr a dh'fhaicinn cò a bha ann an Alasdair Dòmhnallach aig an robh ainm anns an leabhar. Rinn i a-mach cò a bha ann, agus a-nis tha am Bioball air ais aig Dòmhnall MacEacharna a bha dìreach ann an càirdeas don duine aig an robh an leabhar an toiseach. Tha Mgr. MacEacharna, a bhuineas do dh'Ile, 'na fhear-dreuchd ann an Eaglais Ghàidhlig Chaluim Chille ann an Glaschu.

# Urnaigh Fheasgair

Am measg nam pìosan bàrdachd tlachdmhor anns an leabhar le sgrìobhadhain aig an Urr. Calum Laing tha an ùrnaigh bhrèagha seo a bhiodh air a cleachdadh aig deireadh an latha.

*O Dhè, a chuartaich sinn led choibhneas,  
'S a thug dhuinn sìth an-diugh is aoibhneas,  
Bheir sinn moladh dhutsa 's glòir,  
Mar tha air iarraidh 's mar is coir.*

*Bi 'mathadh dhuinn na rinn sinn ceàrr  
'S an rud a dh'fhaodadh bhith na b'fheàrr,  
Oir ghiùlan losa air a' chrann  
Na peacaidhean a rinn do chlann.*

*Thoir an aire dhuinn a-nochd;  
Dion is glèidh sinn o gach olc;  
Cùm gach cunnart fada bhuaib;  
Socair, sìthcheil biodh ar suain.*

*Slàn gun dùisg sinn anns a' mhadainn,  
'S na bhiodh math dhuinn a bhith againn:  
Na tha aig an taigh 's na tha air falbh,*

*Gabh air do chùram 's cuir oirnn sealbh.*

*Beannaich sinn 's na th'air ar n-inntinn,  
Chuid nach fhaic's a' chuid a chì sinn:  
An urra riut aig stòl do chois  
Biodh ar saothair 's biodh ar fois.*

*Bi dlùth dhan mhuinntir a tha 'fulang  
An corp an inntinn, no fo mhulad,  
Le do thròcair chaoimh gan tàladh;  
'S furtaich air na tha ann an gàbhadh.*

*Bi 'fuasgladh phrìosanach tha 'n sàs;  
Gabh truas don dream tha teann don bhàs;  
Neartaich d'òighreachd a tha sgìth;  
'S deònaich dhan an t-saoghal sìth.*

*Ar n-ùrnaigh nì sinn riutsa tric,  
A' tagradh ann an ainm do Mhic;  
'S biodh do bhratach sgaoilte 'n gràdh  
Os ar cionn a-nis 's gu bràth.*



**Tha e math a bhith a' faicinn fiosrachaidh mu sheirbheisean ann an sgìrean Gàidhealach. An seo chì sinn an clàr aig eaglais Mhànais ann an ceann a deas na Hearadh a tha ag innse mu na seirbheisean a tha gan cumail anns an sgìr.**

# Gàidhlig Shìmplidh

Ceann-teagaisg airson na mìos seo: Seo na faclan mu dheireadh a tha sgrìobhte anna a' Bhioball – “Gràs ar Tighearna losa Crìosd gu robh maille ribh uile.” Tha an Tiomnadh Nuadh a' crìochnachadh le bhith a' guidhe dhuinn gràs Chrìosd. Tha sinn uile a' cur feum air gràs Dhè. Tha Pòl a' sgrìobhadh gu bheil gràs Dhè gu leòr air ar son. 'S e a tha ann an gràs Dhè gràdh air nach eil sinn airidh.

Nuair a sgrìobh mi seo bha latha rud-eigin dorcha againn ann an Earra Ghàidheal. Bha uisge againn cuid mhath den latha. Ach bidh dòchas againn gum faic sinn làithean grianach roimh dheireadh na bliadhna. Ach nuair a tha sinne a' gearan mu fhuachd agus uisge ann an Alba, tha co-fhaireachdainn againn ris na mìltean a tha air am fàgail gun dìon agus gun dachaigh ann an Amaireaga agus ann an dùthchannan ann an Asia.

Seanfhacal airson na mìos seo: “Far nach bi am beag, cha bhì am mòr.” (Where no little is no big will be.) Bidh sinn tric a' gearan nach eil òigrìdh gu leòr againn nar n-eaglaisean. Tha sin fìor mun eaglais mu thuath agus mu dheas, air Ghalldachd agus air Ghàidhealtachd. Bidh a h-uile buidheann ag ionndrain nach eil buill òga aca. Tha sinn an còmhnaidh toilichte nuair a chì sinn daoine òga a' frithealadh seirbheisean na h-eaglais.

A h-uile madainn bidh eòin a' cruinneachadh air cùl an taighe a' lorg bìdh. An-diugh thàinig fichead calman ach gu fortanach bha biadh gu leòr againn dhaibh. Is toigh leis na faoileagan na bhios air fhàgail den lite a bhios mi ag ithe a h-uile madainn. Chaidh mi eala a' snàmh seachad madainn an-diugh.

a' coimhead Iosa, a' chrith-thalmhainn, agus na nithean eile a rinn-eadh, ghabh iad eagal mòr, ag ràdh, Gu fìrinneach b'e seo Mac Dhè. 55 Agus bha an sin mòran bhan (ag amharc am fad) a lean Iosa o Ghalile a' frithealadh dha:

**28** An dèidh na sàbaid, aig bris-eadh na faire air a' chiad là den t-seachdain, thàinig Muire Magdalen, agus a' Mhuire eile, a dh'fhaicinn na h-uaigne. 2 Agus feuch, bha crith-thalmhainn



## AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU.  
Fòn: 01499500 629 Post-dealain: mail@revroddy.co.uk

## Thall's a-Bhos

### RANN

*Ceart mar a tàim, gun nì am làimh  
Ach toilteanas do bhàis a-mhàin,  
Air cuireadh fialaidh saor do ghràis,  
Uain Dhè, dhut thigeam dlùth.*

*Ceart mar a tàim, 's gun fhuireach seal,  
Gu m'ionnlaid fhèin o lochd no smal,  
Oir glanaidh d'fhuil mi o gach sal,  
Uain Dhè, dhut thigeam dlùth.*

Chaidh an laoidh seo a sgrìobhadh ann am Beurla le Charlotte Elliott. Dh'fhaighnich i turas do charaid ciamar a bu chòir dhi tighinn gu Dia. Fhreagair esan, “Thig mar a tha thu.” Sin a thug dhi cuspair an dàin seo. Rinn Alasdair Camshron an t-eadar-theangachadh Gàidhlig.

### FUASGLADH NAN CEIST

Seo freagairt nan ceist a chuir sinn oirbh air an duilleig aghaidh. 1 Steaphan. 2.—mustaird. 3.Gràdh. 4. Isaac.

### OBAIR CHARAIDH

Nuair a tha seann togalaichean tric gan dùnadh nar latha, tha e 'na adhbhar misneachaidh a bhith a' cluinntinn mu eaglais air Ghàidhealtachd a bhith a' faighinn cuideachadh airgid airson obair chàraidh. Cha robh seirbheisean gan cumail ann an eaglais Steinseal anns an Eilean Sgiathanach a chionn gu robh i ann an droch staid, ach a-nis bidh i air a cur air dòigh.

Tha an eaglais air tè den fheadhainn a dhealbh Tòmas Telford.

## Urnaigh

A Dhè bheannaichte,  
tha sinn a' toirt taing dhut airson gach dòigh  
anns a bheil Thu a' tighinn dlùth oirnn.  
Tha Thu a' dlùthachadh rinn ann  
an tròcairean do Fhreasdail.  
Thàinig Thu faisg oirnn ann an dòigh  
shònraichte ann an losa Crìosd,  
nuair a rinneadh am Facal 'na fheòil  
agus a ghabh E còmhnaidh nar measg.

Amen.

An dealbh air an aghaidh;  
Tha tarraing ann an lochan  
na Gàidhealtachd do luchd-turais  
agus do shluagh an àite.  
Tha lochan tarraingeach  
anns an Eilean Sgitheanach  
agus anns na h-eileanan eile.  
Dh'ionnsaich na deisciobail  
iomadh leasan priseil nuair a bha iad  
aig muir ann an cuideachd losa.